H

Teisteanais
Nàiseanta
EISIMPLEIR A-MHÀIN

**S872/76/11**

# Eachdraidh
# Eachdraidh Bhreatannach, Eorpach agus An t-Saoghail

Deit — Gun bhuinteanas

Ùine — 1 uair agus 30 mionaid

**Comharran gu lèir — 44**

**ROINN 1 — BREATAINN — 22 comharran**

Feuch AON cheist bhon phàirt a thagh thu.

**ROINN 2 — AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 22 comharran**

Feuch AON cheist bhon phàirt a thagh thu.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.

SQA
©

**[DUILLEAG BHÀN]**

**NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO**

**ROINN 1 — BREATAINN**

Feuch **AON** cheist bhon phàirt a thagh thu.

PÀIRTEAN


| | | |
|---|---|---|
| **A.** | An eaglais, an stàit agus an comann-sòisealta fiùdalach, 1066–1406 | *duilleag 04* |
| **B.** | Linn nan caochlaidhean mòra, 1603–1702 | *duilleag 04* |
| **C.** | A' mhalairt ann an daoine Afraganach fo thràillealachd | *duilleag 04* |
| **D.** | Breatainn, 1851–1951 | *duilleag 05* |
| **E.** | Breatainn agus Èirinn, 1900–1985 | *duilleag 05* |


**ROINN 2 — AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL**

Feuch **AON** cheist bhon phàirt a thagh thu.

PÀIRTEAN


| | | |
|---|---|---|
| **A.** | Na cogaidhean na Croise, 1071–1204 | *duilleag 06* |
| **B.** | Ar-a-mach Ameireaga, 1763–1787 | *duilleag 06* |
| **C.** | Ar-a-mach na Frainge, gu 1799 | *duilleag 06* |
| **D.** | A' Ghearmailt, 1815–1939 | *duilleag 07* |
| **E.** | An Eadailt, 1815–1939 | *duilleag 07* |
| **F.** | An Ruis, 1881–1921 | *duilleag 07* |
| **G.** | Na SA, 1918–1968 | *duilleag 08* |
| **H.** | Sìtheachadh agus an t-slighe gu cogadh, gu 1939 | *duilleag 08* |
| **I.** | An Cogadh Fuar, 1945–1989 | *duilleag 08* |

COMHARRAN

## ROINN 1 — BREATAINN — 22 comharran

**Feuch AON cheist bhon phàirt a thagh thu**

### PÀIRT A — An eaglais, an stàit agus an comann-sòisealta fiùdalach, 1066–1406

**1.** Dè an ìre gu bheil e fìor gum b' e luchd na tuatha an clas bu chudromaiche den chomann-shòisealta fhiùdalach? **22**

**2.** *Shoirbhich le Daibhidh I gu bhith a' faighinn barrachd cumhachd rìoghail.*

Dè cho iomchaidh 's a tha am beachd seo? **22**

**3.** Dè an ìre gun do shoirbhich le Rìgh Iain ann a bhith a' faighinn barrachd ùghdarras rìoghail ann an Sasainn? **22**

### PÀIRT B — Linn nan caochlaidhean mòra, 1603–1702

**4.** *B' e cùisean poilitigeach na duilgheadasan bu mhotha a bha aig Rìgh Seumas an dèidh Aonadh nan Crùn ann an 1603.*

Dè cho iomchaidh 's a tha am beachd seo? **22**

**5.** Dè an ìre gum b' e cùisean creideimh an t-adhbhar bu mhotha airson gun do thòisich cogadh catharra ann an Sasainn? **22**

**6.** Dè an ìre gum b' e Teàrlach II am prìomh adhbhar airson Rèiteachadh Mòr-chaochladh 1688–1689? **22**

### PÀIRT C — A' mhalairt ann an daoine Afraganach fo thràillealachd

**7.** Dè an ìre gum b' e beachdan gràin-cinnidh am prìomh adhbhar airson mar a thòisich a' mhalairt ann an daoine Afraganach fo thràillealachd? **22**

**8.** *B' e eagal de comhaireachd nan Afraganach an aghaidh na thràillealachd an t-adhbhar bu chudromaiche a bha stiùireadh dhàimhean eadar Afraganaich fo thràillealachd agus an luchd-seilbh.*

Dè cho iomchaidh 's a tha am beachd seo? **22**

**9.** Dè an ìre gum b' e buaidh Ar-a-mach na Frainge an cnap-starra bu mhotha a bh' ann a thaobh cur-às do thràillealachd? **22**

## ROINN 1 — BREATAINN (a' leantainn)

### PÀIRT D — Breatainn, 1851–1951

**10.** Dè an ìre gum b' e buannachd do phartaidh an t-adhbhar bu mhotha gun tàinig barrachd deamocrasaidh a Bhreatainn 1851–1928? **22**

**11.** *B' e a' phàirt a ghabh boireannaich ann an adhbhar a' chogaidh am prìomh adhbhar gun d' fhuair cuid de bhoireannaich a' bhòt ann an 1918.*

Dè cho iomchaidh 's a tha am beachd seo? **22**

**12.** Dè an ìre gun do choinnich na leasachaidhean sòisealta aig an Riaghaltas Libearaileach,1906–1914, feumalachdan muinntir Bhreatainn? **22**

### PÀIRT E — Breatainn agus Èirinn, 1900–1985

**13.** Dè an ìre gum b' e freagairt nan Nàiseantach don Bhile Fèin-riaghlaidh am prìomh adhbhar gun tàinig an-fhois ann an Èirinn, gu 1914? **22**

**14.** *B' e poileasaidhean agus dol a-mach Riaghaltas Bhreatainn an cnap-starra bu mhotha a bh' ann a thaobh sìth ann an Èirinn, 1918–1921.*

Dè cho iomchaidh 's a tha am beachd seo? **22**

**15.** Dè an ìre gum b' e buaidh phoilitigeach Aonachdach a bhith a' dol am meud am prìomh adhbhar gun robh an èiginn ann an Èirinn a Tuath a' fàs nas miosa ann an 1968? **22**

**[Theirig a-nis gu ROINN 2 a' tòiseachadh air duilleag 06]**

 **[Tionndaidh an duilleag**

COMHARRAN

## ROINN 2 — AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 22 comharran

**Feuch AON cheist bhon phàirt a thagh thu**

### PÀIRT A — Na Cogaidhean na Croise, 1071–1204

**16.** Dè an ìre gum b' e an cunnart san robh Byzantium am prìomh adhbhar airson gun do thòisich a' Chiad Chogadh-croise? **22**

**17.** Dè an ìre gum b' e sgaraidhean am measg stàitean Islamaig am prìomh adhbhar airson gun do shoirbhich a' Chiad Chogadh-croise? **22**

**18.** *B' e dreuchd armailteach Richard am prìomh adhbhar airson fuasgladh an Treas Cogadh-croise.*

Dè cho iomchaidh 's a tha am beachd seo? **22**

### PÀIRT B — Ar-a-mach Ameireaga, 1763–1787

**19.** Dè an ìre gum b' e dreuchd Deòrsa III am prìomh adhbhar airson mì-thoileachas sna coloinidhean a thaobh Bhreatainn ann an 1763? **22**

**20.** Dè an ìre gun robh na beachdan aig Thomas Paine a' riochdachadh beachd Bhreatainn a thaobh na còmhstri anns na coloinidhean? **22**

**21.** *B' e nach robh armailteachd Bhreatainn èifeachdach am prìomh adhbhar airson gun do bhuannaich an luchd-coloineachaidh Cogadh Saorsa Ameireaga.*

Dè cho iomchaidh 's a tha am beachd seo? **22**

### PÀIRT C — Ar-a-mach na Frainge, gu 1799

**22.** *B' e cìsean am prìomh adhbhar airson gun robh tèarainteachd an Ancien Régime ann an cunnart ro 1789.*

Dè cho iomchaidh 's a tha am beachd seo? **22**

**23.** Dè an ìre gum b' e dreuchd Louis XVI am prìomh adhbhar airson gun do dh'fhàillig a' mhonarcachd bhun-reachdail, 1789–1792? **22**

**24.** Dè an ìre gum b' e neo-sheasmhachd phoilitigeach an t-adhbhar bu chudromaiche airson gun deach consalachd a stèidheachadh? **22**

## ROINN 2 — AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL (a' leantainn)

### PÀIRT D — A' Ghearmailt, 1815–1939

**25.** *B' e factaran cultarail am prìomh adhbhar airson gun do dh'fhàs nàiseantachd sa Ghearmailt, 1815–1850.*

Dè cho iomchaidh 's a tha am beachd seo? **22**

**26.** Dè an ìre gum b' e neart na h-Ostair am prìomh chnap-starra a bh' ann do dh'aonachadh na Gearmailt, 1815–1850? **22**

**27.** Dè an ìre gum b' e na laigsean ann am Poblachd Weimar am prìomh adhbhar airson gun d' fhuair na Nadsaidhean a' chumhachd ann an 1933? **22**

### PÀIRT E — An Eadailt, 1815–1939

**28.** *Dè an ìre gum b e factaran cultarail am prìomh adhbhar airson gun do dh'fhàs nàiseantachd san Eadailt, 1815–1850.* **22**

**29.** *B' e neart na h-Ostair am prìomh chnap-starra a bh' ann do dh'aonachadh na h-Eadailt, 1815–1850.*

Dè cho iomchaidh 's a tha am beachd seo? **22**

**30.** Dè an ìre gum b' e dreuchd Mhussolini am prìomh adhbhar airson gun d' fhuair na Faisistich a' chumhachd anns an Eadailt, 1919–1925? **22**

### PÀIRT F — An Ruis, 1881–1921

**31.** *Cha deach dùbhlan mòr riamh a thoirt do stàit nan Tsar sna bliadhnachan ro 1905.*

Dè cho iomchaidh 's a tha am beachd seo? **22**

**32.** Dè an ìre gun robh an Tsar soirbheachail ann a bhith a' neartachadh an ùghdarrais aige eadar 1905 agus 1914? **22**

**33.** Dè an ìre gum b' e cho tarraingeach 's a bha Lenin agus na Boilseabhaich am prìomh adhabhar airson mar a shoirbhich le Ar-a-mach an Dàmhair, 1917? **22**

## ROINN 2 — AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL (a' leantainn)

### PÀIRT G — Na SA, 1918–1968

**34.** Dè an ìre gum b' e eagal ro ar-a-mach am prìomh adhbhar airson mar a dh'atharraich beachdan air in-imrich anns na 1920an? **22**

**35.** *B' e na laigsean a bha ann an siostam nam bancaichean sna SA am prìomh adhbhar airson na h-èiginn eaconamaich ann an 1929–1933.*

Dè cho iomchaidh 's a tha am beachd seo? **22**

**36.** Dè an ìre gum b' e claon-bhreith agus leth-bhreith am prìomh adhbhar airson gun do thòisich iomairt nan còraichean catharra an dèidh 1945? **22**

### PÀIRT H — Sìtheachadh agus an t-slighe gu cogadh, gu 1939

**37.** Dè an ìre gum b' e ideòlas fasaisteach am prìomh adhbhar airson nàdar nàimhdeil nam poileasaidhean cèin bh' aig a' Ghearmailt is aig an Eadailt anns na 1930an? **22**

**38.** *B' e laigse armailteach am prìomh adhbhar airson poileasaidh sìtheachadh Bhreatainn, 1936–1938.*

Dè cho iomchaidh 's a tha am beachd seo? **22**

**39.** Dè an ìre gun do shoirbhich aonta Mhunich? **22**

### PÀIRT I — An Cogadh Fuar, 1945–1989

**40.** Dè an ìre gum b' e strèan is còmhstri taobh a-staigh caidreachas a' chogaidh na h-adhbharan bu chudromaiche airson gun do thòisich an Cogadh Fuar, suas gu 1955? **22**

**41.** Dè an ìre gum b' e poileasaidh cèin nan SA am prìomh adhbhar airson Èiginn Airm-thilgeil Chiùba ann an 1962? **22**

**42.** *B' e an cunnart bho Sgrios Cinnteach de Chèile am prìomh adhbhar airson gun do dh'fheuch cumhachdan mòra an t-saoghail ri smachd a chumail air a' Chogadh Fhuar, 1962–1979.*

Dè cho iomchaidh 's a tha am beachd seo? **22**

**[CRÌOCH A' PHÀIPEIR EISIMPLEIR]**